

ANNUAL REPORT

2024–2025 AITHISG BHLIADHNAIL



Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig

Luchd-obrach 2024–25

Staff

Leòdhas Lewis

Dòmhnall U MacGilleMhoire, Ceannard
Donald W Morrison, Chief Executive

Dòmhnall I MacRisnidh, Ceannard Phròiseactan
Donald J MacRitchie, Head of Projects

Mairead NicIlleathain, Manaidsear Oifise
Margaret MacLean, Office Manager

Mòrag NicIlleathain, Eadar-theangair
Morag MacLean, Translator

**Crìosaidh NicRath, Oifigear Leasachaidh,
Pròiseact Briathrachais**
Chrissie MacRae, Development Officer, New Terminology

Kristy Nic a' Ghobhainn, Neach-dealbhachaidh
Kristy Smith, Designer

**Jamie MacGillEathain, Neach-rianachd Corporra
agus Phròiseactan**
Jamie MacLean, Corporate and Projects administrator

Inbhir Nis Inverness

Sarah Fhriseal, Ceannard Foghlam is Ionnsachaidh
Sarah Fraser, Head of Education and Learning

Catrìona Mhoireach, Oifigear Dearbhadh Càileachd
Catriona Murray, Quality Assurance Officer

**Angela Nic a' Mhaoilein, Oifigear Leasachaidh
(Goireasan Bun-sgoile, Foghlam Gàidhlig)**
Angela MacMillan, Development Officer
(Primary Resources, Gaelic Education)

Port Rìgh Portree

**Niall Mac a' Ghobhainn, Ceannard Seirbhisean
Leasachaidh**
Neil Smith, Head of Development Services

Emma Burrows, Sgrìobhaiche Cùrsa
Emma Burrows, Course Writer

Uibhist a Tuath North Uist

Màiri NicRisnidh, Oifigear Curraicealaim
Mairi MacRitchie, Curriculum Officer

Beinn na Faoghla Benbecula

Sarah NicEachainn, Oifigear Curraicealaim
Sarah MacEachen, Curriculum Officer

Buill a' Bhùird-stiùiridh 2024–25

Board Membership

**Gillian Campbell-Thow, Cathraiche,
Comhairle Baile Ghlaschu**
Glasgow City Council

**Bethan Owen,
Comhairle Baile Dhùn Èideann**
City of Edinburgh Council

**Rachel Binnie
Comhairle Earra-Ghàidheal agus Bhòid**
Argyll and Bute Council

**Lorraine McBride
Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath**
North Lanarkshire Council

**Lena Walker
Comhairle na Gàidhealtachd**
The Highland Council

Evelyn Coull NicLeòid, Comhairle nan Eilean Siar
Evelyn Coull MacLeod, Comhairle nan Eilean Siar



**Ro-ràdh bhon
neach-cathrach**
Gillian Campbell-Thow

A' coimhead air ais air a' bhliadhna a dh'fhalbh, tha e follaiseach gu bheil dealas Stòrlann a thaobh taic a chur ri Foghlam Meadhan Gàidhlig agus ri Gàidhlig fhèin cho daingeann 's a bha e riann. Aig àm far a bheil dreach-tìre an fhoghlaim a' sìor atharrachadh, tha am buidheann againn air seasmhachd, bunailteas agus fòcas soilleir air a' phrìomh adhbhar againn a nochdadh.

Bha clach-mhìle shònraichte ann am-bliadhna agus obair air tòiseachadh air Leugh Seo, sgeama leughaidh nàiseanta ùr do bhun-sgoiltean. Tha an iomairt seo a' riochdachadh tasgadh fad-ùine ann an litearrachd Ghàidhlig, a' toirt slighe adhartach, tharraingeach do sgoiltean a thaobh leughadh a leasachadh. Tha na ciad fhreagairtean bho thidsearan agus luchd-ionnsachaidh air a bhith deimhinneach, agus tha sinn a' dèanamh fiughair ri taic a thoirt do leasachadh an sgeama gus an tèid a sgaoileadh gu ionadan foghlam Gàidhlig air feadh na dùthcha.

Tha Stòrlann air cumail a' leudachadh nan goireasan didseatach agus clò-bhuailte aca, a' dèanamh cinnteach gu bheil goireasan àrd-chàileachd rim faighinn do sgoilearan, tidsearan agus teaghlaichean. Tha an obair leantainneach le Bookbug Gàidhlig na h-Alba agus Acair a' neartachadh ar taic do luchd-ionnsachaidh nan tràth-bhliadhnachan, 's a' nochdadh cho dealasach 's a tha sinn mu bhith a' neartachadh sgilean Gàidhlig bhon ìre as òige.

Tha ionnsachadh dreuchdail agus co-obrachadh air leantainn tarsainn air an raon foghlaim Ghàidhlig tro dhiofar ghnìomhan agus lìonrathan. Tha co-phàrteachasan aig cridhe an adhartais, agus tha sinn taingeil airson co-obrachadh leantainneach bhuidhnean mar SQA agus Foghlam Alba.

Tha sinn fhathast mothachail air cho cudromach 's a tha sunnd an luchd-obrach, agus le sin tha Stòrlann a' tairginn Prògram Taic Luchd-obrach dìomhair do luchd-obrach Stòrlann agus an teaghlaichean. Cuideachd, tha Stòrlann na Fhastaike Tuarastal Bith-beò Creideasaidhte. Tha am Bòrd a' toirt taing mhòr do gach ball den sgioba airson an dealais agus an dìchill.

A' coimhead romhainn, tha ar fòcas air tuilleadh leudachaidh air goireasan bho thràth-bhliadhnachan gu ìre àrd-sgoile, a' neartachadh taic do litearrachd Ghàidhlig, agus a' cruthachadh dhàimhean nas doimhne ri tidsearan agus coimhearsnachdan.

Bu mhath leinn taing a thoirt do sgoilearan, tidsearan, teaghlaichean, buill a' Bhùird, agus do gach aon a tha a' cur taic ri foghlam Gàidhlig airson ar brosnachadh agus ar cuideachadh. Tha sinn gu sònraichte taingeil airson taic leantainneach Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba a tha ga dhèanamh comasach an obair seo a dhèanamh. Tha sinn a' coimhead air adhart ris a' bhliadhna romhainn le amas cinnteach agus misneachd.

Chairperson's Introduction

Gillian Campbell-Thow

As we reflect on the past year, it is clear Stòrlann's commitment to supporting Gaelic Medium Education and strengthening the Gaelic language has remained as steadfast as ever. In a period of continued change across the education landscape, our organisation has once again demonstrated resilience, stability, and a clear focus on its core mission.

This year marked a particularly significant milestone with the commencement of Leugh Seo, a new national reading scheme for primary schools. This initiative represents a long-term investment in Gaelic literacy, providing schools with a progressive and engaging pathway for reading development. Early responses from teachers and learners have been very positive, and we look forward to supporting the scheme as it continues to develop towards a roll out to Gaelic education settings across the country.

Stòrlann has continued to expand both digital and printed learning resources, ensuring that high-quality Gaelic materials remain accessible for pupils, teachers, and families. Our ongoing work with Bookbug Scotland and Acair has further strengthened our support for early years learners, reflecting our commitment to nurturing Gaelic language skills from the earliest stages.

Professional learning and collaboration across the Gaelic education sector have continued through a range of activities and networks. Partnership working remains central to our progress, and we are grateful for the continued cooperation of organisations such as SQA, and Education Scotland.

We remain mindful of the importance of staff well-being and to this end, provide Stòrlann employees and families with a confidential Employee Assistance Programme that offers round the clock support. In addition, Stòrlann is an Accredited Living Wage Employer. The Board extends its sincere thanks to each member of staff for their continued dedication and hard work.

Looking ahead, we are focused on further developing resources from early years through to secondary level, strengthening Gaelic literacy support, and deepening engagement with teachers and communities.

We wish to thank pupils, teachers, families, Board members, and all those who support Gaelic education for their ongoing encouragement and involvement. We are especially grateful for the continued support of Bòrd na Gàidhlig and The Scottish Government, whose commitment makes this work possible.

We look forward to the coming year with purpose and confidence.



Lèirmheas a' cheannaird
Dòmhnall U MacGilleMhoire

Tha mi toilichte geàrr-iomradh a thoirt dhuibh air na chaidh a choileanadh le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig thairis air a' bhliadhna a dh'fhalbh, agus air amasan na buidhne airson na bliadhna ri teachd.

An-uiridh, chaidh clach-mhìle eachdraidheil a shònrachadh agus fichead 's a còig bliadhna ann bho chaidh Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a stèidheachadh. San ùine seo, thàinig atharrachadh mòr air saoghal nan goireasan ionnsachaidh tro leudachadh air ìre nan cuspairean agus ùrachadh anns na siostaman cruthachaidh agus sgaoilidh.

Tha Stòrlann mothachail gu bheil àireamh nan goireasan didseatach a' sìor dhol am meud. Is e gluasad fàbharach a tha an seo, ach coltach ri gach gluasad eile tha obair gu leòr na chois. Bu mhath leam mo thaing a nochdadh don sgioba bheag a tha an urra ri na seirbheisean a tha rim faotainn air-loidhne a chumail fosgailte airson cothrom-inntrigidh a thoirt do na h-uile. Tha na goireasan sònraichte seo a' còmhachadh ìre ro-sgoile, bun-sgoile agus àrd-sgoile.

Air a' bhliadhna seo chaidh lèirmheas a dhèanamh air structar na buidhne, na sgiobaidhean, agus sruthan maoinachaidh agus taic. Is e toradh na h-obrach sin gun deach dreuchd ùr airson Ceannard Foghlaim agus Ionnsachaidh a shuidheachadh. Tha e na adhbhar toileachais do Stòrlann gun deach an dreuchd seo a lionadh anns an Fhaoilleach 2025. Aig a' cheart àm, chaidh roinneadh às ùr a dhèanamh air na sgiobaidhean mu choinneamh nan uallaichean air an robh iad a' gabhail sealbh.

A thaobh sruthan taic-maoineachaidh chaidh aontachadh gun tig a' mhòr-chuid de thaic gu dìreach bho Riaghaltas na h-Alba, le taic airson mòr-ionad an Tosgan a' leantainn bho Bhòrd na Gàidhlig. Bu mhath leam taing air leth a thoirt do Riaghaltas na h-Alba airson an taic do Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig, agus do Bhòrd na Gàidhlig airson an taic gu ruige seo. A' coimhead romhainn, leanaidh sinn ann an dlùth chonaltradh ri na buidhnean sin a thaobh nan amasan nàiseanta airson neartachadh agus fàs a thoirt air suidheachadh na Gàidhlig.

Le fàs a' tighinn a thaobh àireamh nan sgoilearan agus ìre nan cuspairean, chaidh leudachadh a dhèanamh air briathrachas cuspaireil airson Ceòl agus Cruinn-eòlas. An lùib an ùrachaidh, chaidh lèirmheas a dhèanamh air ainmean-àite a tha a' nochdadh anns na goireasan – tha an obair seo ann an dlùth-cheangal ri ùrachadh air Atlas na Sgoile. Bu mhath leam taing a thoirt do Ainmean-àite na h-Alba (AAA) airson an taic leis an obair.

Air a' bhliadhna seo, chaidh mòran goireasan a sgaoileadh gu sgoiltean air feadh Alba. Tha iomradh air cuid dhiubh anns an aithisg seo. Chaidh àireamh mhòr de leabhraichean-obrach an sgoileir a sgaoileadh cuideachd. Tha na goireasan seo a' toirt taic do dh'obair leughaidh, litreachais agus àireamhachd aig ìre na bun-sgoile. An cois

seo, chaidh sgaoileadh a dhèanamh air measgachadh de ghoireasan ùra mar Brat-ùrlair na h-Aibideil, Blocaichean/Càirtean Togail Seantans agus Mìrean Measgaichte.

Le sgeama fonaigs ùr a-nise aig tidsearan agus sgoilearan, tha Stòrlann air tòiseachadh air sgeama leughaidh ùr di-chòdachail a chruthachadh. Thèid an sgeama seo a sgrìobhadh gu tùsail sa Ghàidhlig. Chaidh plana airson an sgeama aontachadh, le sgioba sgrìobhaidh, neach-dealbhadhaidh, buidheann comhairleachaidh agus luchd-taic air an suidheachadh. Thairis air ceithir bliadhna, thèid còrr air ochdad tiotal fhoillseachadh mar phàirt den sgeama, a' gabhail a-steach sgeulachdan agus neo-fhicsean. An lùib nan stuthan taic, bidh stuthan-obrach, clàraidhean fuaim, geamannan didseatach, rannan agus òrain.

Tha trèanadh agus taic do luchd-teagaisg a' leantainn air làrach-lìn An Alltain le cothroman trèanaidh air an dealbhadh le tidsearan do thidsearan, agus tha Stòrlann a' frithealadh làithean fiosrachaidh do sgoilearan agus pàrantan. Airson an tuilleadh taic a thoirt do luchd-teagaisg Foghlam Gàidhlig thèid coimhearsnachdan proifeiseanta a stèidheachadh air a' bhliadhna a tha ri teachd.

An-diugh, tha mòran de na sgoilearan ann am foghlam Gàidhlig a' tighinn bho dhachaighean anns nach eil Gàidhlig stèidhichte mar chànan na dachaigh. Gus taic a thoirt do sgoilearan agus pàrantan tha Stòrlann a' ruith seirbheis Gaelic4Parents tro làrach-lìn a tha loma-làn de leabhraichean, fiosrachadh agus goireasan feumail. Gheibh luchd-cleachdaidh an tuilleadh fiosrachaidh agus taic tro làrach G4P air Facebook – tha meas mòr air an t-seirbheis seo le còrr air naoi mìle neach-leantainn air clàradh.

Tha co-obrachadh a' leantainn le buidhnean eile aig ìre ionadail agus nàiseanta. Bha riochdairean bho Stòrlann a' frithealadh làithean fiosrachaidh anns na sgoiltean, taisbeanaidhean aig tachartasan sònraichte mar fèill-dhreuchdan agus Mòd Nàiseanta Rìoghail an Òbain.

Mar bhuidheann nàiseanta, tha Stòrlann a' dèanamh fiughar ri làn-phàirt a ghabhail ann an libhrigeadh nan amasan nàiseanta a nochdas romhainn an lùib Bile nan Cànan Albannach agus am Plana Nàiseanta Gàidhlig. Tha sinn cuideachd an dùil gum bi goireasan rin ùrachadh agus rin ullachadh ri linn molaidhean Cearcall Leasachaidh a' Churraicealam airson Gàidhlig.

Bu mhath leam taing air leth a thoirt do mo cho-obraichean, agus do na bha an sàs ann an Stòrlann air a' bhliadhna a dh'fhalbh. Mo thaing cuideachd don mhuinntir sin a tha an lùib raon-obrach foghlam Gàidhlig, airson an taic le cur cruinneachadh farsaing de ghoireasan feumail ann an làmhnan nan sgoilearan, nan tidsearan agus nam pàrantan.

Anns an dùnadh, iomradh goirid air na tha aig Stòrlann san amharc mu choinneamh na bliadhna a tha ri teachd. Cha bhi e na chùis iongnaidh gur e an sgeama leughaidh, agus na tha de ghoireasan na chois, am pròiseact as motha a tha romhainn. A thuilleadh air an sin, an cois nan seirbheisean àbhaisteach mar ro-dheuchainnean, clàraidhean Bookbug, trèanadh agus taic do choimhearsnachdan phroifeiseantaich, thèid tòiseachadh air sreath de ghoireasan air àireamhachd agus goireasan ùra a thaobh fèin-aithne.

Cumaibh sùil a-mach airson nam fìosan as ùire mu ar goireasan agus ar seirbheisean air na meadhanan sòisealta aig Stòrlann!

Chief Executive's Review

Donald W Morrison

I am pleased to be able to give you a summary of all that Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig has achieved in the past year, and to refer briefly to the company's targets in the coming year.

Last year, a historical milestone was marked with it being twenty five years since Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig was established. Over this period, huge change has come in the world of learning resources with an expansion in the level of subjects and the updating of production and distribution systems.

Stòrlann is conscious of the constant expansion in the number of digital resources. This is a positive move, but as with every advance, it involves a lot of work. I would like to thank the small team who are responsible for our on-line services, for keeping them open and with access available to everyone. These splendid resources cater for pre-school, primary school and high school.

This year a review of the structure of the organisation, the teams, and funding streams and support was carried out. The result was that a new Head of Education and Learning post was established. Stòrlann is delighted that we were able fill this post in January 2025. At the same time, the teams were reorganised according to the responsibilities they held.

Regarding funding streams, it was agreed that the bulk of support will come directly from the Scottish Government, with support for the hub in An Tosgan continuing to come from Bòrd na Gàidhlig. I would like to warmly thank the Scottish Government for their support to Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig, and Bòrd na Gàidhlig for their support up to the present. Looking ahead, we shall continue the close dialogue with these bodies with regard to the national targets for strengthening and growing Gaelic.

With the rise in pupil numbers and subject levels, the terminology for Music and Geography was expanded. As part of the update, placenames appearing in our resources were reviewed – this work is closely connected to the updating of the School Atlas. I would like to thank Ainmean-àite na h-Alba (AAA) for their help with this.

Over the year many resources were distributed to schools across Scotland. Some of them are covered in this report. A large number of pupil workbooks was also distributed. These resources support work on reading, literacy and numeracy in primary school. In addition, a selection of new resources such as an Alphabet Mat, Sentence-building Blocks/Cards and Jigsaws was distributed.

Now that teachers and pupils have a new phonics scheme to hand, Stòrlann has begun work on a new decodable reading scheme. The scheme will be an original Gaelic production. A plan for the scheme has been agreed, and the writing team, designer, advisory panel and support team are all in place. Over four years, more than eighty titles including stories and non-fiction will be published as part of the scheme. The support materials will include access to work material, sound recordings, digital games, rhymes and songs.

Training and support for teachers continues to be provided on the An t-Alltan website, with training opportunities designed by teachers for teachers. As well as the on-line provision, Stòrlann attends information days for pupils

and parents. To further support Gaelic Medium teachers, professional communities will be set up over the coming year.

Today, many of the pupils engaged in Gaelic medium education come from homes where Gaelic is not the language of the home. To support pupils and parents, Stòrlann runs the Gaelic4Parents service through a website which is packed full of books, information and useful resources. Users get further information via the G4P Facebook page – this is a very popular service and has more than nine thousand registered users.

We continue to collaborate with other organisations at a local and national level. Stòrlann representatives attended information days in schools and mounted displays at special events such as careers fairs and the Oban Royal National Mod.

As a national organisation, Stòrlann looks forward to participating fully in the delivery of the national targets presented in the Scottish Languages Bill and the National Gaelic Plan. We also anticipate that resources will need to be revised and prepared in response to the proposals from the Curriculum Improvement Cycle.

I would like to especially thank my colleagues, and all those who were involved with Stòrlann over the past year. My thanks also to those who are employed in the field of Gaelic education for their help in providing pupils, teachers and parents with a wide selection of useful resources.

Finally, a brief account of Stòrlann's plans for the coming year. It will be no surprise that the reading scheme and all the accompanying resources will be our main project. In addition to that, along with our usual services such as preliminary test papers, Bookbug recordings, and an online support network of practitioner communities. We will begin work on a series of numeracy resources and new resources relating to self-identity in the coming year.

Keep an eye out for the latest posts about our resources and services on Stòrlann's social media!

Goireasan Bun-sgoile

Primary Resources

Sgeama leughaidh

Leugh Seo – a’ chiad sgeama leughaidh dì-chòdachail ann an Gàidhlig.

Tha tidsearan bun-sgoile gu mòr a’ dèanamh gàirdeachas gu bheil Stòrlann an-dràsta a’ cruthachadh a’ chiad sgeama leughaidh tùsail ann an Gàidhlig. Bidh an sgeama, a tha stèidhichte air an t-siostam fonaigs dì-chòdachail ann am Fios air Fuaimean, a’ freagairt air clann ann an clasaichean 1-3 agus air adhart.

’S i an sgrìobhadair Emma Burrows a tha a’ cruthachadh agus a’ sgrìobhadh nan stòiridhean a tha suidhichte ann am baile ficseanail Cnoc na Mara agus iad a’ leantainn càraid òg (Ròs agus Rù), an teaghlach agus na peataichean aca (Lùna an cat agus Marag an cù). Bidh seachd ìrean anns an sgeama, le 16 stòiridhean anns gach ìre. A bharrachd air a’ phrìomh theaghlach, bidh caractaran eile a’ nochdadh anns na stòiridhean, a’ toirt a-steach dhàimhean ri caractaran bho dhiofar chinnidhean agus le diofar chiorraman airson gum faic clann teaghlachaichean de gach seòrsa.

Tha an dealbhadair tàlantach, Darren Gate, air a bhith a’ dèanamh obair ionmholt a’ toirt nan caractaran agus gach stòiridh beò air an duilleig. Gheibh tidsearan agus clann iomadh cothrom às na dealbhan brèagha aig Darren a thaobh còmhraidh agus cànan. Air gach leabhar, bidh còd QR gu faidhle fuaim far an èistear ris an stòiridh. Bho ìre 2 air adhart, thig ceithir leabhraichean neo-fhicsean dì-chòdachail an cois gach ìre air cuspairean a bhios inntinneach agus tarraingeach do chlann òg. Bidh na leabhraichean neo-fhicsean air an sgrìobhadh le Angela Nic a’ Mhaoilein.

Thig stuthan taic, notaichean tidseir agus goireasan a bharrachd a-mach an cois nan leabhraichean. Gheibh tidsearan cothrom trèanadh fhaighinn air a’ ghoireas ùr seo nuair a thig a’ chiad dà ìre a-mach ron Dàmhair 2026.



Reading Scheme

Leugh Seo (Read This) – the first de-codable reading scheme in Gaelic.

Primary school teachers are delighted that Stòrlann are in the process of creating the first original Gaelic reading scheme. The scheme, which is based on the phonics decodable system in Fios air Fuaimean, is for children in classes 1-3 and beyond.

The writer Emma Burrows is creating and writing the stories which take place in the fictional town of Cnoc na Mara, and they follow young twins (Ròs and Rù), their family and their pets (Lùna the cat and Marag the dog). There will be seven levels in the scheme, with 16 stories in each level. As well as the main family, other characters will appear in the stories, to introduce relationships with characters of different ethnicities and with different disabilities, so that children will see all sorts of families.

The talented designer, Darren Gate, has been doing amazing work bringing the characters and each story to life on the page. Darren’s beautiful illustrations will give teachers and pupils lots of opportunities for conversation and language acquisition. Each book will have a QR code to a sound file for listening to the story.

From level 2 onwards, four non-fiction decodable books on topics which are interesting and appealing to young children will accompany each level.

Support materials, teacher’s notes and additional resources will be produced for the books. Teachers will get the opportunity for training on this new resource when the first two levels are published by October 2026.



Goireasan Bun-sgoile

Primary Resources



Litir-lann

Chaidh ochd geamannan-bùird a dhealbhadh do chlann aig ceann shìos na bun-sgoile, le amas air na sgilean litreachaidh aca a neartachadh ann an dòigh spòrsail is tarraingeach. Tha na geamannan a' cuideachadh le sgilean leithid aithneachadh fhuaimnean tòiseachaidh, faclan cumanta agus co-mheasgachaidhean. Tha iad freagarrach airson cluich ann am buidhnean beaga le taic bho inbheach, no gu neo-eisimeileach, leis gu bheil duilleag stiùiridh ann airson gach geama.

Letter Bank

Eight boardgames have been designed for children in lower primary with a view to developing their spelling skills in a fun, appealing way. The games support skills such as recognising initial sounds, common words and blends. They can be played in small groups with adult support, or independently, as each game comes with instructions.



Faireachdainnean


Goireasan airson taic a thoirt do chlann na faireachdainnean aca aithneachadh agus an cur an cèill, agus dèiligeadh ri faireachdainnean làidir ann an dòigh dheimhinneach.

Tha seat de phostairean/mataichean fhaclan ri fhaotainn a ghabhas cleachdadh ann an diofar dhòighean airson clann a chuideachadh gus am briathrachas agus an sgilean litearrachd faireachail a leasachadh.

Feelings

Resources to help children recognise their feelings and express them, and deal with strong feelings in a positive way.

A set of posters/word mats is available which can be used in a variety of ways to help children develop their emotional vocabulary and literary skills.



Goireasan Àrd-sgoile

Secondary Resources

Mise 4

Thairis air a' bhliadhna mu dheireadh, dh'fhoillsich Stòrlann an ceathramh aonad ann an sreath de naoi do dh'fhileantaich air a' chiad trì bliadhna san Àrd-sgoil – Mise agus mo dhreuchdan. Tha an t-aonad ag amas air sgoilearan air an dàrna bliadhna san Àrd-sgoil agus a' leantainn bhon chiad trì aonadan Mise! a chòrd gu mòr ri sgoiltean: Mise, Mise agus mo shaoghal nàdarra agus Mise agus mo laoich. A thuilleadh air a bhith a' còmhachadh phuigean gràmair / cànan riatanach, tha cuspairean leithid 'Nuair a bha mi òg' agus 'Balaich an lasgaich' a' nochdadh. Gheibh sgoilearan cothrom iarrtas-obrach agus cunntas-beatha ullachadh agus cuiridh iad eòlas air Gàidheil ann an saoghal na h-obrach leithid Kirsteen NicDhòmhnaill bhon BhBC/BBC Alba. Tha measgachadh math de na ceithir prìomh sgilean ionnsachaidh air am measadh tron aonad agus tha measadh nas fhoirmeile cuideachd aig deireadh an aonaid airson gach sgil. Tha pasgan an tidseir / freagairtean agus faidhlichean fuaim an cois an aonaid.



Mise 4

In the past year Stòrlann has published the fourth unit, in a series of nine, for fluent speakers in the first three years of Secondary school – Mise agus mo dhreuchdan (My careers). The unit is intended for pupils in Second year and follows on from the first three Mise units which the schools really enjoyed: Mise (Me), Mise agus mo shaoghal nàdarra (My natural world) and Mise agus mo laoich (My heroes). As well as covering grammar points / important language, it contains subjects such as 'Nuair a bha mi òg' (When I was young) and 'Balaich an lasgaich' (The fishing boys). Pupils get the opportunity to prepare a job application and a CV and they get to know Gaels in the world of work such as Kirsteen MacDonald from the BBC/BBC Alba. A good mix of the four main learning skills is assessed through the unit and there is also a more formal assessment for each skill at the end of the unit. There is a teacher's pack / answers and sound files to accompany the unit.



Goireasan Àrd-sgoile

Secondary Resources




Cruinn-eòlas

Is e cuspair cudromach a tha ann an Cruinn-eòlas oir tha e a' toirt cothrom dhuinn diofar sgilean ionnsachadh: sgilean a dh'fheumas sinn airson mapadh, airson obair air a' bhlàr-a-muigh, airson rannsachadh agus airson fiosrachadh is dàta a mhìneachadh 's a thaisbeanadh. Tha e cuideachd a' toirt cothrom dhuinn ar sgilean smaoineachaidh, ar sgilean litearra is agus ar sgilean àireamhachd a thoirt air adhart nuair a bhios sinn a' dèiligeadh ri diofar earrannan den chuspair. Bidh sinn a' leasachadh chomasan a tha feumail airson cosnadh, iomairt agus saoranachd. Tha na sgilean seo feumail ann an iomadh suidheachadh eile agus bidh iad nan cuideachadh a thaobh ionnsachadh san fharsaingeachd, beatha làitheil agus obair làitheil.

Geography

Geography is an important subject because it allows us to learn a variety of skills: skills we need for mapping, for working outdoors, for research, and for interpreting and displaying information and data. It also gives us the opportunity to improve our thinking, our literacy and our numeracy skills when we handle different sections of the subject. We develop abilities which are useful for employment, enterprise and citizenship. These skills are useful in many other scenarios and they will be helpful for learning in general, for daily life and daily work.



Postairean Ciùil

Chaidh na 33 postairean seo fhoillseachadh don dàrna/ treas ìre. Cuideachd, le stiùir bho thidsearan, chaidh 5 de na postairean a chlà-bhualadh agus a chur gu sgoiltean.

Music Posters

A collection of 33 music posters released in PDF format for second/third level students. Additionally, in collaboration with teachers, 5 of these posters have been printed and have been distributed to schools.



An Seotal

An Seotal

Tha An Seotal a' cur fòcas air cruinneachadh agus cruthachadh briathrachais do dh'aon raon cuspair aig aon àm, airson gun tèid farsaingeachd briathrachais ullachadh do chuspairean mu seach. Mar bhiodh dùil, tha an aon bhriathrachas a' buntainn ri diofar raointean den churraicealam, agus le sin tha an dòigh-obrach seo a' cur ri iomadh raon curraicealam aig an aon àm.

Bho 2024-2025, bha am prìomh amas fhathast air briathrachas co-cheangailte ris a' ghoireas aig Stòrlann, Atlas Sgoile Oxford. Chaidh ainmean-àite ann an goireasan eile le Stòrlann ath-sgrùdadh cuideachd mar phàirt den phròiseas. Chaidh liostaichean Cruinn-eòlais agus Nuadh-eòlais airson an luchdachadh a-nuas agus am priontadh a chur suas air an làrach.

Bha duilleagan a bharrachd air an làrach-lìn gan sgrùdadh agus gan ùrachadh gu cunbhalach airson gum bi am fiosrachadh cho ùr 's a ghabhas. Tha an siostam airson ceistean luchd-cleachdaidh a fhreagairt ga ùrachadh agus ga leasachadh.

Tha an làthaireachd aig An t-Seotal air na meadhanan sòisealta a' sìor leudachadh gus aire barrachd dhaoine a tharraing chun a' ghoireis. Tha tweets agus retweets nam pàirt stèidhichte den obair leasachaidh a-nis.

Tha app aig An t-Seotal a tha ga ùrachadh fad na tìde, 's e a' toirt taic do thidsearan agus sgoilearan le cothrom far-loidhne air briathrachas An t-Seotal gu lèir, ga dhèanamh nas fhasa a ruigsinn agus nas fheumaile.

Tha stòr-dàta An t-Seotal na bhunait do gach leasachadh eile co-cheangailte ris a' phròiseact, agus tha e ga ùrachadh agus ga leudachadh fad na h-ùine le briathrachas ùr a' buntainn ri diofar raointean den churraicealam. Tha an làrach-lìn agus an app ag obrachadh còmhla gus roghainnean sùbailte a thoirt do luchd-cleachdaidh An t-Seotal.

An Seotal

An Seotal seeks to take a focused approach to the collation and creation of terminology whereby one curricular area is identified at a time, to enable significant terminological coverage to be provided on a subject-by-subject basis. There is, inevitably, significant crossover throughout the curriculum, with the result that the focused approach has the benefit of feeding into multiple curricular areas at the same time.

From 2024-2025, the focus continued to be primarily on terminology connected with the Stòrlann resource Atlas Sgoile Oxford. Placenames used in other Stòrlann materials were also reviewed throughout the process. Downloadable and printable lists were uploaded for Geography and Modern Studies.

Supplementary pages of the website continued to be monitored and refreshed to ensure that all information was up to date. A system for responding to user enquiries is being revised and improved.

An Seotal continues to increase its social media presence to bring the resource to the attention of a wider audience. Tweets and retweets are now an established part of the development work.

The An Seotal app continues to be updated, supporting teachers and pupils, providing offline access to all An Seotal terminology, increasing its reach, accessibility and usefulness.

The An Seotal database underpins all other developments associated with the project and continues to be updated and expanded, with a range of new terminology relating to various curricular areas, on an ongoing basis. The website and app work in tandem to provide flexible options for all An Seotal users.



Briathrachas Cruinn-eòlas, Briathrachas Nuadh-eòlas, Briathrachas Eadar-lìn, Faclair Matamataig & Clàr nan Eileamaidean

	Briathrachas Nuadh-eòlas (Gàidhlig - Beurla)		787.25 KB	8547 downloads
	Briathrachas Nuadh-eòlas (Beurla - Gàidhlig)		1.29 MB	9406 downloads
	Briathrachas Eadar-lìn		9.25 MB	12421 downloads
	Faclair Matamataig		983.90 KB	10554 downloads
	Clàr nan Eileamaidean		1.75 MB	10551 downloads

An Seotal

Measadh

Catalog Stòrlann



Catalog Stòrlann


Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' cruthachadh agus a' sgaoileadh ghoireasan curraicealam airson Foghlam tron Ghàidhlig (GME), a' toirt taic do Thràth-ìrean, Bun-sgoiltean, Àrd-sgoiltean agus pàrantan.

Tha na goireasan air an leasachadh a rèir feumalachdan thidsearan is luchd-ionnsachaidh, le taic bho ùghdarrasan ionadail agus buidhnean ionnsachaidh fad-bheatha.

Catalog Stòrlann

Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig creates and distributes curricular resources for Gaelic Medium Education (GME), supporting Early Years, Primary schools, High schools and parents.

The resources are developed in line with the requirements of teachers and learners, with support from local authorities and life-long learning organisations.



SÙIL AIR LEABHRAICHEAN
AM FACA TU IAD SEO?



A' SEALLTAINN GHOIREASAN DE GACH SEÒRSA

(Cleachd na roghainnean aig bàrr na duilleige gus na goireasan a sheòrsachadh)





Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot



www.storlann.co.uk | www.gaelic.education